



FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Teisteanais
Nàiseanta
PÀIPEAR EISIMPLEIR

Comharra

--

S832/76/03

**Gàidhlig
Èisteachd**

Latha — Gun bhuinteanas

Gàidhlig Listening

Ùine: — 40 mionaid



* S 8 3 2 7 6 0 3 *

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

--

--

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh
an t-suidheachain

--

--

--

Latha breith

Latha

Mìos

Bliadhna

Àireamh an oileanaich

--	--

--	--

--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Comharran gu lèir — 20

Cluinnidh tu an earrann dà thuras, le trì mionaidean eadar gach turas. **Mus cluinn thu an earrann, bidh aon mhionaid agad airson nan ceistean a leughadh.**

Feuch na ceistean UILE.

Chan fhaod thu faclair Gàidhlig a chleachdadh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir anns na beàrnan san leabhran. Tha àite a bharrachd airson freagairtean aig deireadh an leabhraìn seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Chan fhaod thu seòmar nan deuchainnean fhàgail ro chrìoch na deuchainne.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu an leabhran seo a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



* S 8 3 2 7 6 0 3 *

Ceistean

1. Dè am beachd a tha aig cuid mu mharag dhubh? 2

2. Ciamar a tha e follaiseach gu bheil inbhe maraig dhuibh eadar-dhealaichte a-nis? 2

3. Dèan soilleir nach robh beatha fhurasta aig croitearan anns na bliadhnaichean a dh'fhalbh. 2

4. Carson a dh'fheumas luchd-obrach bùithtean-feòla a bhith ag obair cho trang? 1

5. Ciamar a tha soirbheas na maraig air buaidh a thoirt air eaconamaidh Steòrnabhaigh? 2



* S 8 3 2 7 6 0 3 *

Ceistean (a' leantainn)

6. (a) Dè thachair nuair a chuir feòladairean air tìr-mòr an t-ainm *Marag Dhubh Steòrnabhaigh* air na maragan aca fhèin? 1
- _____
- _____
- (b) Dè am beachd a bha aig muinntir Steòrnabhaigh air an t-suidheachadh seo? 2
- _____
- _____
7. Dè na ceumannan a ghabh Rhoda Ghrannnd agus feòladairean Steòrnabhaigh? 2
- _____
- _____
8. Carson, nad bheachd, a tha Champagne air ainmeachadh anns an earrainn a chuala tu? 2
- _____
- _____
9. Dè dh'fheumas feòladairean dearbhadh mus reic iad *Marag Dhubh Steòrnabhaigh*? 2
- _____
- _____
10. A' smaoinich air an deireadh, a bheil an neach-labhairt a-nise toilichte le suidheachadh na maraig duibhe? Mìnich do bheachd. 2
- _____
- _____
- _____
- _____

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR EISIMPLEIR]



* S 8 3 2 7 6 0 3 *



Teisteanais
Nàiseanta
PÀIPEAR EISIMPLEIR

S832/76/13

Latha — Gun bhuinteanas

Ùine: — 40 mionaid

**Gàidhlig
Earrann Èisteachd**

Gàidhlig
Listening Transcript

Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.

Tha am pasgan seo ann airson an tidseir a chleachdadh ma bhios duilgheadas ann leis an diosg no na h-innealan, no far a bheil cead air a thoirt seachad ro làimh leis an SQA airson an stuth a leughadh ris na tagraichean aig a bheil feumalachdan sònraichte. Feumar an stuth a leughadh dìreach mar a tha e sgrìobhte.

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



* S 8 3 2 7 6 1 3 *

Stiùiridhean airson leughadair(ean):

Leugh a-mach an earrann dà thuras, le còig mionaidean eadar gach turas.

Far a bheil stiùiridhean airson leughadh air an aontachadh ro làimh, feumar boireannach airson earrann comharraichte le **(b)** agus fireannach airson **(f)**; agus neach-teagaisg far a bheil **(n-t)**.

Instructions to reader(s):

Read the passage twice with an interval of 5 minutes between the two readings.

Where special arrangements have been agreed in advance to allow the reading of the material, those sections marked **(b)** should be read by a female speaker and those marked **(f)** by a male; those sections marked **(n-t)** should be read by the teacher.

(n-t) *Cluinnidh tu earrann mu bhiadh Gàidhealach a tha air a bhith gu mòr anns na naidheachdan bho chionn ghoirid.*

(1 mionaid)/(1 minute)

Marag Dhubh Steòrnabhaigh

(b/f) Tha biadh de dhiofar sheòrsa ceangailte ri diofar chultaran air feadh an t-saoghail. Tha *pizza* aig na h-Eadailtich, *paella* aig na Spàinntich agus burgairean aig na h-Ameireaganaich. Chan eil Alba eadar-dhealaichte agus, am measg biadh eile, an taigeis gu dlùth ceangailte rithe. Tha biadh eile ann cuideachd a tha coltach ris an taigeis – a’ mharag dhubh. Nuair a bhios cuid a’ smaoineachadh air a’ bhiadh - marag dhubh – tha iad a’ smaoineachadh air biadh mì-fhallain a tha ’s dòcha seann fhasanta agus ceangailte ri cultar na Gàidhealtachd agus nan Eilean ach tha an ìomhaigh seo air atharrachadh. Ged a tha marag dhubh air a dèanamh ann an Alba air fad, thathar a’ meas nach eil ann nas fheàrr na *Marag Dhubh Steòrnabhaigh*. San latha an-diugh tha am biadh blasta seo ri lorg air clàran-bìdh thaighean-òsta spaideil, chan ann dìreach an Alba, ach air feadh an t-saoghail ’s i air a deasachadh ann an iomadh dòigh inntinneach.

Tha eachdraidh na maraig ceangailte gu dlùth ri croitearachd a bha mar dhòigh-beatha do mhuinntir an eilein. Thigeadh an sluagh beò gu ìre mhòr air na chuireadh iad san talamh agus air na beathaichean a bha aca mura robh iad fortanach obair eile leithid iasgach fhaighinn. ’S ann glè bhochd a bha na croitearan agus chuireadh iad gu feum gach nì a bh’ aca. Nuair a bhiodh caora ga marbhadh airson feòil, cha deigheadh eadhan fuil no stamag a’ bheathaich a chaitheamh air falbh. Bha an dà rud sin riatanach ann a bhith a’ dèanamh mharagan dubha.

Ged a bhios feadhainn fhathast a’ dèanamh marag dhubh aig an taigh, bidh a’ mhòr-chuid de mharagan Steòrnabhaigh a-nis air an dèanamh le feòladairean a’ bhaile. Bidh na feòladairean a’ deasachadh na maraig gu ìre mhòr mar a rinneadh fad iomadh bliadhna san eilean. Bidh na h-òrdughan a bhios a’ tighinn thuca às gach ceàrnaidh den t-saoghal gan cumail air leth trang. Bidh aon de bhùithtean-feòla Steòrnabhaigh a’ dèanamh còrr ’s dà mhìle marag gach seachdain. Mar sin tha soirbheas na maraig air feum mòr a dhèanamh do dh’eaconamaidh a’ bhaile an dà chuid tron ionmhas a bhios i a’ toirt a-steach agus an àireamh dhaoine a tha i a’ cumail ann an cosnadh ga dèanamh.

Tha soirbheas a' bhìdh air connspaid gu leòr adhbharachadh ge-tà. Bha feòladairean air tìr-mòr na h-Alba a' toirt an aire gun robh airgead mòr an lùib an ainm *Marag Dhubh Steòrnabhaigh* agus thòisich cuid dhiubh air an ainm sin a chur air na maragan aca fhèin. Cha b' fhada gus an do chaill feòladairean Steòrnabhaigh cuid den mhalairt aca. Ann an Steòrnabhaigh, bhathar a' faireachdainn gun robhar a' gabhail brath air biadh 's cultar a bhuineadh do Steòrnabhaigh a-mhàin 's gum bu chòir dìon oifigeil a chur air *Marag Dhubh Steòrnabhaigh*. Bho chionn beagan bhliadhnaichean chaidh an gearan seo a thogail le Ball Pàrlamaid Albannach na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Rhoda Ghrannnd. Chuir i fhèin agus feòladairean Steòrnabhaigh an gearan an toiseach fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba agus an uair sin thug iad an iomairt dhan Aonadh Eòrpach. Bhathar ag iarraidh gum biodh inbhe shònraichte air a toirt dha *Marag Dhubh Steòrnabhaigh* 's gum biodh i air a dìon fon lagh. Bha a leithid de dhìon mu thràth cumanta air feadh na Roinn Eòrpa. Chan fhaod, mar eisimpleir, *Champagne* a bhith air a dhèanamh ach ann an sgìre shònraichte anns an Fhraing.

An dèidh strì dha-rìribh, chaidh dìon a chuir air *Marag Dhubh Steòrnabhaigh*. An-diugh, fon lagh ùr, feumaidh feòladairean dearbhadh gun deach na maragan a reiceas iad a dhèanamh ann an sgìre Steòrnabhaigh agus gu bheil iad air an deasachadh a rèir nan cleachdaidhean traidiseanta. Aig àm nuair a tha cultaran glè thric a' call na tha sònraichte dhaibh, nach math an naidheachd gu bheil inbhe *Marag Dhubh Steòrnabhaigh* a-nise tèarainte?

[CRÌOCH A' PHÀIPEAR EISIMPLEIR]



Teisteanais
Nàiseanta
PÀIPEAR EISIMPLEIR

S832/76/03

**Gàidhlig
Èisteachd**
Gàidhlig Listening

Marking Instructions

These marking instructions have been provided to show how SQA would mark this specimen question paper.

The information in this publication may be reproduced to support SQA qualifications only on a non-commercial basis. If it is reproduced, SQA should be clearly acknowledged as the source. If it is to be used for any other purpose, written permission must be obtained from permissions@sqa.org.uk.

Where the publication includes materials from sources other than SQA (ie secondary copyright), this material should only be reproduced for the purposes of examination or assessment. If it needs to be reproduced for any other purpose it is the user's responsibility to obtain the necessary copyright clearance.

General marking principles for Higher Gàidhlig Listening

Always apply these general principles. Use them in conjunction with the detailed marking instructions, which identify the key features required in candidates' responses.

- (a) Always use positive marking. This means candidates accumulate marks for the demonstration of relevant skills, knowledge and understanding; marks are not deducted for errors or omissions.
- (b) If a candidate response does not seem to be covered by either the principles or detailed marking instructions, and you are uncertain how to assess it, you must seek guidance from your team leader.
- (c) Candidates gain marks for their understanding of the ideas of the passage, and their analysis and evaluation of the speaker's use of language.
- (d) Accept answers other than those in the marking instructions, as long as they are relevant and appropriate. Award marks according to the accuracy and relevance of the candidate's response.
- (e)
 - (i) For questions that ask simply '**Carson...**', candidates must give a brief, accurate response/name.
 - (ii) For questions that ask '**Mìnich...**' or ask '**Ciamar...**', candidates must relate cause and effect and/or make relationships between things clear.
 - (iii) For questions that ask '**Seall mar a tha...**', candidates must identify features of language and discuss their relationship with the ideas of the passage as a whole. Features of language might include, for example word choice, imagery, tone, sentence structure, punctuation, sound techniques.
 - (iv) For questions that ask '**Carson, nad bheachd...**', candidates must make a personal judgement based on the text and task.

Detailed marking instructions for each question

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Làn cho-mharran	Stiùreadh a bharrachd
1.		<ul style="list-style-type: none"> Gur e biadh mì-fhallain a th' ann a tha 's dòcha seann fhasanta ceangailte ri cultar na Gàidhealtachd agus nan Eilean <p>Aon chomharra an urra airson dhà sam bith de na puingeon seo.</p>	2	<p>Bu chòir do luchd-ceartachaidh a bhith a' cleachdadh am breithneachadh proifeiseanta, an eòlas agus am fiosrachadh air a' chuspair agus an tuigse gus comharraidhean a thoirt seachad airson freagairtean nan oileanach.</p>
2.		<ul style="list-style-type: none"> tha iad rin lorg air clàran-bìdh thaighean-òsta spaideil chan ann dìreach an Alba ach air feadh an t-saoghail ('s i air a deasachadh ann an iomadh dòigh inntinneach) <p>Aon chomharra an urra airson gach puing a tha seo.</p>	2	
3.		<ul style="list-style-type: none"> Bha iad beò air na chuireadh iad san talamh agus air na beathaichean aca b' fheudar dhaibh a h-uile càil a chleachdadh bha iad gu math bochd bha feum aca air obair eile mar iasgach <p>Aon chomharra an urra airson dhà sam bith de na puingeon seo.</p>	2	
4.		<ul style="list-style-type: none"> Tha òrdughan ann bho air feadh an t-saoghail tha iad a' dèanamh (còrr 's) dà mhìle marag gach seachdain <p>Aon chomharra airson fear seach fear de na puingeon seo.</p>	1	
5.		<ul style="list-style-type: none"> tha mòran ionmhais air a thoirt a-steach tha i a' cumail gu leòr ann an cosnadh <p>Aon chomharra an urra airson gach puing a tha seo.</p>	2	
6.	(a)	<ul style="list-style-type: none"> chaille feòladairean Steòrnabhaigh cuid den mhalairt aca 	1	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Làn cho-mharran	Stiùireadh a bharrachd
	(b)	<ul style="list-style-type: none"> bhuineadh am biadh (no an cultar) dhaibhsan a-mhàin gum bu chòir dìon oifigeil a bhith oirre bha faireachdainn ann gun robh iad a' gabhail brath <p>Aon chomharra an urra airson dhà sam bith de na puingeon seo.</p>	2	
7.		<ul style="list-style-type: none"> chuir iad an gearan fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba thug iad e an uair sin dhan Aonadh Eòrpach <p>Aon chomharra an urra airson gach puing a tha seo.</p>	2	
8.		<ul style="list-style-type: none"> tha e air a dhìon fon lagh/chan fhaodar a dhèanamh ach anns an sgìre dham buin e (1) bhathas ag iarraidh gum biodh Marag Dhubh Steòrnabhaigh anns an aon shuidheachadh (1) <p>NO</p> <ul style="list-style-type: none"> Tha e a' cur taic ris an argamaid agus a' cleachdadh eisimpleir de àite leis an aon seòrsa suidheachadh (2) 	2	<p>Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.</p> <p>Tha còir aig oileanaich a bhith a' toirt eisimpleir agus a' sealltainn mar a tha e a' toirt taic don phuing aca.</p> <p>Tha stiùireadh air an làimh chli air na bhiodh freagarrach mar fhreagairtean.</p>
9.		<ul style="list-style-type: none"> gun deach a dèanamh ann an sgìre Steòrnabhaigh gu bheil i air a deasachadh a rèir nan cleachdaidhean traidiseanta <p>Aon chomharra an urra airson gach puing a tha seo.</p>	2	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Làn cho-mharran	Stiùradh a bharrachd
10.		<ul style="list-style-type: none"> Tha - tha e ag ràdh gu bheil e math gu bheil inbhe thèarainte ann (1) Tha e ag aithneachadh gu bheil cultaran glè thric a' call na tha sònraichte dhaibh ach tha e toilichte nach eil suidheachadh Marag Dhubh Steòrnabhaigh mar sin (1) <p>NO</p> <ul style="list-style-type: none"> tha a' cheist aig an deireadh a' sealltainn gu bheil e a' toirt cuireadh don neach-èisteachd a bhith ag aontachadh leis gur e rud math a th' ann (2) 	2	Nota mar ann an Ceist 8

[END OF SPECIMEN MARKING INSTRUCTIONS]